

**Measadh na Buaidh air a' Mhargadh
aig Seirbheis Dhidseatach
Ghàidhlig BBC/GMS**

Geàrr-Chùnntais

12 Samhainn 2007

Geàrr-chùnntais

- 1.1 Ann an Cairt is Aonta Rìoghail a' BhBC, a thàinig gu buil air 1 Faoilleach 2007, bha iomradh gun rachadh Measadh Luach Poblach (MLP) a chur air bhonn gus measadh a dheanamh co-dhiubh bhiodh seirbheisean ùra a bhiodh am BBC a' moladh a ghabhail os laimh anns na laithean ri teachd – neo atharrachadh air seirbheisean a tha ann an-dràsta – chum maith a' phobaill 'san fharsaingeachd.
- 1.2 Is e Urras a' BhBC a ni co-dhùnadh air ùghdarras a thoirt co-dhiubh thèid na seirbheisean a thathar a' moladh air adhart no nach tèid. Mus ruigear co-dhùnadh, feumaidh an t-Urras suim a ghabhail do dhà lèirmheas. Tha a' chiad te – an deuchainn air Measadh Luach Poblach – an urra ris an Urras fhèin agus a' sireadh measadh a dheanamh air luach poblach farsaing na seirbheis a thathar a' moladh do mhuintir na Rìoghachd Aonaichte agus dhaibhsan a tha cleachdadh na seirbheis. Is i an dara te – a tha an urra ri Ofcom – Measadh na Buaidh air a' Mhargadh (MBM). Is e ceann-fàth MBM Ofcom measadh a dheanamh air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig na seirbheisean a thathar a' moladh air toraidhean is seirbheisean a tha gabhail àite no a' cur ris an t-seirbheis a tha am BBC a' moladh
- 1.3 Tha am pàipear seo a' sealltainn na fhuair Ofcom a-mach anns an treas MBM a tha iad air a dhèanamh fo sgeama ùr MLP. Tha e beachdachadh air a' bhuidh air a' mhargadh a bhios aig an t-Seirbheis Dhidseatach Ghàidhlig (SDG) a tha am BBC a' moladh, stèidhichte air co-phàirteachas eadar iad fhèin agus Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (GMS). Far a bheil sinn ag ainmeachadh na seirbheis a tha am BBC a' moladh anns a' phaipear seo tha sinn làn-mhothachail gur ann air a' cho-phàirteachas seo a tha am moladh air a stèidheachadh. Chaidh an MBM a dhèanamh a-rèir nan Cumhachan Iomraidh son MBM air SDG, agus na modh-obrach a dh'aontaich Ofcom agus Urras a' BhBC eatarra.

An t-seirbheis a tha am BBC a' moladh

- 1.4 Anns an luchar 2007, dh'iarr Ceannardan-Gnìomha a' BhBC air Urras a' BhBC cead an SDG ùr a chur air bhonn. Bha an t-iarrtas stèidhichte air aonta co-mhaoineachaidh eadar Ceannardan-Gnìomha a' BhBC agus GMS gun libhrigeadh iad an t-Seirbheis – a' cleachdadh stuth on a BhBC agus caobhladh sholaraichean eile.
- 1.5 Thathar a' moladh sianal didseatach telebhisean ann an Gàidhlig a chur air chois – air am bi prògraman suas ri seachd uairean a thìde 'san latha (a' mhòr-chuid dhiubh, ach gun a bhith air an cuingealachadh ris a sin, air an fhionnairidh agus feasgar). Bhiodh seo a' toirt a-steach uair gu leth gach latha de phrògraman ùra (prògraman a tha am BBC a'dèanamh an-dràsta nam measg), ath-chraoladh aithriseach agus prògraman as an tasg-lann. Bhiodh an t-seirbheis cuideachd a' tarraing stuth o BBC Radio nan Gàidheal mar sheirbheis chunbhalach nuair nach eilear a' sealltainn phrògraman telebhisean. Cuideachd, bhiodh mòran a bharrachd de stuth Gàidhlig ri thairgse dhaibhsan a tha cleachdadh bbc.co.uk. Bhiodh an t-seirbheis de ghnè measgaichte – le naidheachdan làitheil agus an t-side 'na luib.
- 1.6 Thathar a rùnachadh gum bi, air a' char is lugha, dàrna leth na maoin phrògraman a tha GMS a' toirt dhan t-seirbheis air a chosg anns an roinn neo-eisimeileach. Thathar an dùil, ri tide, gum bi suas ri dàrna leth nam prògraman nach buin do naidheachdan is cùisean-làithreach air an t-sianal telebhisean a' tighinn o riochdairean neo-eisimeileach, ma thig leasachadh riatanach air stèidh na roinne sin.

Rachadh ro-innleachd son stuth a chruthachadh a dhealbh an dèidh tuilleadh còmhraidh ri daoine aig a bheil dlùth-cheangal ris a' ghnìomhachas.

- 1.7 Bha dùil gun tòisicheachadh an t-seirbheis ro dheireadh a' Mhàrt 2008. Bhiodh i ri faotainn an toiseach air saideal agus bann-leathann agus air càbal didseatach nas fhaide air adhart ann a 2008. Chan fhaighear an t-seirbheis air telebhisean didseatach talmhaidh ach an Alba fhèin agus tachraidh seo nuair a thionndaidhear gu telebhisean didseatach a-mhàin.
- 1.8 An dèidh gluasad gu telebhisean didseatach a-mhàin, rachadh cur às den t-seirbheis Ghàidhlig a tha an-dràsta air BBC Dhà. Leanadh am BBC agus GMS orra a' toirt phrògraman dhan t-sianal dhidseatach Ghàidhlig TeleG fhad's a tha cead craoladh aig TeleG, nas lugha na thigeadh an Riaghaltas gu co-dhùnadh cùmhnantan na cead sin atharrachadh. Tha an cead-craolaidh, mar a tha e an-dràsta, a' crìochnachadh ann an 2010.
- 1.9 Bhiodh an t-Seirbheis Dhidseatach Ghàidhlig a thathar a' moladh a' faighinn cead bho agus air a riaghladh le Urras a' BhBC, agus bhiodh i cuideachd fo riaghladh Ofcom chun na h-aon ìre ri seirbheisean eile a' BhBC. Tha am BBC am beachd an t-seirbheis a stiùireadh an co-bhanntachd ri GMS, ged is ann ri Àrd-Stiùiriche a' BhBC a bhios ìre is gnè deasachaidh nam prògraman an crochadh aig a' cheann-thall.

Ar modh sgrùdaidh

- 1.10 Chaidh MBM a laimhseachadh a-rèir na dòigh-obrach a chaidh aontachadh eadar Urras a' BhBC agus Ofcom. A-rèir earrannan 2.14 -2.15 den phàipear sin, bha Ofcom den bheachd gur e modh sìmplidh a bhiodh freagarrach oir:
 - – cha robh e coltach gum biodh buaidh mhòr aig a' mholadh air seirbheisean eile anns a' mhargadh; agus
 - – cha robh feum air rannsachadh margaidh mar phàirt de MBM.
- 1.11 Mhol sinn, nan togadh freagairtean na co-chomhairle no tuilleadh sgrùdaidh le Ofcom ceistean no cùraman cudromach, gum beachdaicheadh Ofcom co-dhiùbh bha modh-obrach sìmplidh fhathast freagarrach no an robh feum air MBM slàn, rud a leudaicheadh an clàr-ama.
- 1.12 Ged nach robh robh duine ag eus-aontachadh ris a' mholadh a-thaobh modh sìmplidh, agus ged a bha taice làidir ann am prionnsabal son SDG, thog feadhainn ceistean. Bha cuid dhiubh nach buineadh do na bha fa chomhair MBM, ach bha cuid eile a' cur feum air tuilleadh rannsachaidh is soilleireachaidh. Chuir seo trì seachdainnean a-bharrachd ris a' chlàr-ama son MBM, son a bhith cinnteach gun d'fhuair na ceistean gu lèir an t-suim air an robh iad airidh.
- 1.13 Tha ar measadh air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig an t-seirbheis seo air a' mhargadh air a stèidheachadh air:
 - – Co-luadar ri feadhainn aig a bheil ceangal ris a' ghnìomhachas – a' toirt a-steach am beachdan sgrìobhte, agus sreath de choinneamhan ri grunnan dhiubh an dèidh sin..
 - – Sgrùdadh Ofcom fhèin air ceistean a shònraich iad on eòlas air roinn craolaidh na Gàidhlig agus beachdan o fheadhainn a tha an-sàs anns an obair.

- 1.14 Ghabh ar sgrùdadh cuideachd ealla ri obair Ceannardan-Gnìomha a' BhBC. Fhad's a bha sinn a' rannsachadh, chùm sinn conaltradh cunbhalach a' dol ri Aonad Urrais a' BhBC, le rùn dèanamh cinnteach gu robh an Deuchainn Luach Poblach agus MBM Ofcom stèidhichte air barailean seasmhach, agus gu robh an DLP agus an MBM le chèile a' toirt fianais fheumail fa chomhair nan ceistean bointealach.
- 1.15 'S e amas MBM Ofcom a bhith comharrachadh buaidh chudromach sam bith air a' mhargadh a tha 'g eirigh o mholadh a' BhBC. Tha sinn a' sireadh dòighean a chomharrachadh anns am faod moladh a' BhBC buaidh, math no dona, a thoirt air seirbheisean eile. Aon rud cudromach mun a' mheasadh 's e a' bhuidhean air an fheadhainn a bhios a' cruthachadh stuth airson na seirbheis ùir.

Eachdraidh

- 1.16 Tha prògraman Gàidhlig air telebhisean an-dràsta air an craoladh le BBC Alba, stv agus TeleG. Tha GMS a' maoinachadh phrògraman a tha na trì buidhnean a' craoladh agus tha am BBC agus stv a' maoinachadh phrògraman a tha iad fhèin a' dèanamh. Chaidh GMS a stèidheachadh fo Achd Craolaidh 2003 gus dèanamh cinnteach gun tèid raon farsaing is measgaichte de phrògraman aig àrd ìre a chraoladh no libhrigeadh air dhòigh eile son gu bheil cothram aig muinntir Alba air am faotainn. Tha sianal Gàidhlig air leth air a bhith 'na phrìomh-amas aig GMS o chionn fhada agus chaidh obair thoirteil a dhèanamh gus seo a thoirt gu buil.

Buaidh air toraidhean is seirbheisean

- 1.17 Dh'ainmich am pàipear air Cumhachan Iomraidh Ofcom na toraidhean is seirbheisean a leanas air am faod buaidh a bhith aig an t-seirbheis dhidseatach Ghàidhlig a tha am BBC a' moladh:
- Prògraman Gàidhlig telebhisean air an riochdachadh le neo-eisimeilich
 - Prògraman Gàidhlig eile air rèidio is telebhisean
 - Gàidhlig ann an sgrìobhadh no air-loidhne
 - Seirbheisean foghlaim Gàidhlig
 - Seirbheisean telebhisean air an lionrà

Molaidhean agus leasaichidhean

- 1.18 Tha Ofcom a' co-dhùnadh gum bi buaidhean a bhios math agus cudromach air a' mhargadh ag èirigh on t-seirbheis a thathar a' moladh, gu h-àraidh anns an leudachadh a bheir e air roinn nam meadhanan Gàidhlig. Bu chòir gum mèudaich e na cothraman do dh'fheadhainn a tha an-sàs anns an obair, a bharrachd air sochairean nas fharsainge. Ach tha Ofcom cuideachd mothachail gu bheil uallach mòr air cuid den fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith tairgse thoraidhean is sheirbheisean do SDG mu mhodhan coimiseanaidh agus cùisean pròtocal. Tha sinn a' deanamh grunnan mholaidhean dhan Urras gus dèanamh cinnteach gu bheil na modhan sin soilleir agus gu bheil SDG air am brosnachadh gus pàirt a ghabhail ann a bhith dèanamh tuilleadh leasachaidh air bonn-stèidh measgaichte agus cruthachail son nam meadhanan Gàidhlig.